



Beachdan spòrsail gu deagh
chleachdaidhean leughaidh
a bhrosnachadh

Parentzone
SCOTLAND

Na Tràth Ìrean

- Thigibh dlùth dha chèile agus leughaidh còmhla a h-uile là, biodh àite sònraichte agaibh airson ur leabhraichean
- Thoir an leanabh agad dhan leabharlann, leig leis/leatha leabhraichean inntinneach a thaghadh, feadhainn le flapan, pàipear diofraichte, dealbhan dathte agus fuaimean agus faigh cairt dhaibh airson an leabharlainn.
- Leig leis an leanabh agad an stòiridh actadh. Dh'fhaodadh gu bheil e/i a' gluasad mun cuairt ach bidh iad fhathast ag èisteachd!
- Bruidhinn mu fhacail a tha inntinneach agus mu na nithean a tha a' tachairt san leabhar
- Innis mun dòigh sam bithear a' leughadh on taobh chli chun taobh cheart agus lean na facail led chorraig gus am faic an leanabh iad.
- Seall dhan leanabh gu bheil ùidh mhòr agad ann an leughadh, cleachd do ghuth agus bi èibhinn.
- Le chèile, canaibh rainn agus seinnibh òrain is leig leis an leanabh na seantansan a chrìochnachadh.
- Dèan mearachdan ann an rainn agus òrain air a bheil iad eòlach... gus am faigh iad an cothrom innse dhut gun robh thu ceàrr!
- Gabh do thìde ag èisteachd ri beachdan agus smuaintean do leanaibh... bidh gu leòr ann dhiubh!
- Comharraich dhan leanabh na facail a chì sibh sgrìobhte mun cuairt agus bruidhinn mun deidhinn (ainm na bùtha sa bheil sibh, an sgrìobhadh air bileagan-bidhe, ainmean sràidean)
- Thoir liosta ghoirid dhaibh airson nithean a cheannach sa bhùth air am bi facail agus dealbhan.
- Dèanaibh leabhraichean le dealbhan
- Cluich Tha mi a' faicinn (I Spy) a' cleachdadh fuaimean litrichean an aibideil.